

Coille-uisge



Dè th' ann an
coille-uisge?



'S e àite gu math blàth, fliuch agus dùmhail a th' ann an coille-uisge.



Carson a tha an t-ainm
'Coille-Uisge' oirre?

Tha tòrr uisge anns na
h-àitichean seo tron
bhliadhna.



A bheil iad cudromach?

Tha coilltean-uisge gu math cudromach dhuinn oir tha còrr is leth nam beathaichean agus nan lusan air an t-saoghal anns na h-àitichean seo.



Dè na beathaichean a tha anns na Coilltean-uisge?



Tha tòrr diofar bheathaichean agus
lusan an seo. Tha faisg air 30 millean
de dhiofar sheòrsaichean ann!





liopard

losgann



tucan



nathair



muncaidh



Diofar Sheòrsaichean

Tha dà sheòrsa coille-uisge ann...

Coilltean-uisge Measarra

Tha na coilltean-uisge seo faisg air a' mhuir. Lorgaidh tu an fheadhainn seo ann an àitichean mar Canada. Tha na h-àitichean seo fliuch fad leth na bliadhna agus tioram agus ceòthach fad an leth eile.

Coilltean-uisge Tropaigeach

Tha na coilltean-uisge seo teth agus fliuch fad na bliadhna. Lorgaidh tu an fheadhainn seo ann an àitichean mar Ameireaga a Deas.



Coilltean-uisge

1. Tha a' choille-uisge _____, _____ agus _____.
2. Tha _____ diofar sheòrsaichean bheathaichean a' fuireach an seo mar _____.
3. Tha dà sheòrsa coille-uisge ann, _____ agus _____.

fliuch
dùmhail
blàth

tìgear
tòrr

tropaigeach

measarra

